

Thoir Mo Shoraidh Thar Ghunaidh

Thoir mo shoraidh thar Ghunaidh
Gu Muile nam Mòr-Bheann.

*Hug òrionn orò hùbha hò,
Mo nighean donn bhòidheach.
Hug òrionn orò hùbha hò.*

Far an cluinnear a' chuathag
Air gach bruthaidh ro Bhealltainn.

Hug òrionn orò hùbha hò...

Chì mi'm bàta 's i tighinn
Is lain ga seòladh.

Hug òrionn orò hùbha hò...

Cum dìreach i lain,
Cum tioram i Dhomhnaill.

Hug òrionn orò hùbha hò...

Ar cànan 's ar ceòl

Thugainn a-null air tionndadh an lain
Gu dùthaich nan Gàidheal 's ar dualchas slàn
Ar n-eachdraidh 's ar ceòl cruinn còmhla gu teann
'S ar cànan a' lìonadh nan lochan 's nan gleann

Ho ro ri lì o, Ho ro ri lì o,
Ho ro ri lì o, Ho bhan o ri lì o
Ho ro ri lì o, Ho ro ri lì o,
Seinnidh sinn còmhla ar cànan 's ar ceòl

A' dìreadh nan rathaidean le deòin dhan iar-thuath
Tha 'n cuan nar cluasan a' riaghladh nan stuagh
Bidh brìodal na mara toirt spionnadh do chrìdh
Is beartas don inntinn le sonas is sìth

Ho ro ri lì o, Ho ro ri lì o,
Ho ro ri lì o, Ho bhan o ri lì o
Ho ro ri lì o, Ho ro ri lì o,
Seinnidh sinn còmhla ar cànan 's ar ceòl

Ho ro ri lì o, Ho ro ri lì o,
Ho ro ri lì o, Ho bhan o ri lì o
Ho ro ri lì o, Ho ro ri lì o,
Seinnidh sinn còmhla ar cànan 's ar ceòl